

22 Lùnastal 2023

## A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil, Sgoil-àraich is Ionad Gàidhlig Srath na h-Apainne. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile 's na sgoil-àraich.

- Tha an luchd-obrach uile a' cur fòcas làidir air sunnd na cloinne. Tha seo a' togail dhàimhean deimhinneach, coibhneil is earbsach a tha a' cumail taic ri clann gus a bhith toilichte, misneachail is nas neo-eisimeilich anns an sgoil.
- Tha an ceannard ùr a-nis a' toirt stiùireadh ro-innleachdach dhan sgoil bho luachaidhean a rinneadh na bu thràithe air cleachdadh. Tha luchd-obrach a' cur fàilte air an stiùireadh seo.
- Bidh clann san sgoil-àraich agus sa bhun-sgoil uile ag ionnsachadh Gàidhlig. Tha e a' còrdadh ri clann pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean is tachartasan airson cultar na Gàidhlig. Tha na h-àireamhan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' dol am meud.
- Tha dealas aig com-pàirtichean is pàrantan air an sgoil. Bidh iad a' co-roinn fèin-fhiosrachaidhean, sgilean, eòlas, goireasan agus maoinachadh gus co-ionannachd a chur air adhart ann an sgìre dhùthchail. Tha seo a' cumail taic ri clann a bhith nam buill ghnìomhach de choimhearsnachd Srath na h-Apainne.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Meudaich astar leasachaidh prìomh raointean na sgoile 's na sgoil-àraich, stèidhichte air fèin-luachadh làidir. Bu chòir prìomh phàirtean a bhith aig luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach luchd-obrach, pàrantan agus clann, a thaobh leasachaidhean a thoirt air adhart.
- Meudaich foghlam làn-bhogaidh gus adhartas is fileantachd chloinne ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir seo buaidh a thoirt air càileachd is meud làn-bhogaidh is ionnsachadh tro chluich gus dùilean nàiseanta a choileanadh.
- Meudaich planadh airson adhartas sa churraicealam gus an dèan clann adhartas nas làidire anns gach taobh den cuid ionnsachaidh. Bu chòir tuilleadh chothroman a thoirt do chlann an ionnsachadh a chleachdadh gu neo-eisimeileach ann an suidheachaidhean brìghmhor is buntainneach.
- Àrdaich buileachadh na cloinne anns gach taobh de dh'ionnsachadh.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh chàileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4<sup>mh</sup> eagrán\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh slatan-tomhais càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Srath na h-Apaine

Slatan-tomhais deagh chàileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
<b>Ceannardas atharrachaidh</b>	<b>lag</b>
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>riarachail</b>
<b>A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas</b>	<b>riarachail</b>
<b>Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</b>	<b>riarachail</b>
Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4<sup>mh</sup> eagrán)</a> , Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Slatan-tomhais deagh chàileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
<b>Ceannardas atharrachaidh</b>	<b>lag</b>
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>riarachail</b>
<b>A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas</b>	<b>riarachail</b>
<b>A' daingneachadh adhartas na cloinne</b>	<b>riarachail</b>
Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing</a>	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

## Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air toraidhean an sgrùdaidh a rinn sinn, tha sinn den bheachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus air barrachd ùine gus na leasachaidhean a tha a dhìth a chur an gnìomh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh comas na sgoile ri dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' bruidhinn ri Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh